



Tìotal: Gam dhìon/Droch-dhìol agus dàimhean Pàirt 4: Droch-dhìol fiosaigeach agus dearmad

Ìre: DÀRNA
Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
Tha fios agam gu bheil gach seòrsa de dhroch-dhìol ceàrr, agus tha mi a' toirt air adhart sgilean airson mi fhìn a chumail sàbhailte agus cuideachadh fhaighinn ma dh'fheumas mi.	<ul style="list-style-type: none">Ag aithneachadh droch-dhìol agus burraidheachd, mar eisimpleir air-loidhne, aghaidh ri aghaidh agus fios aca càit an tèid iad airson cuideachadh.

Amasan Ionnsachaidh

- Gun ionnsaich clann gu bheil gach diofar seòrsa droch-dhìol ceàrr.
- Gum bi fios aig clann càite am faigh iad tuilleadh fiosrachaidh agus taic.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- Aithnichidh mi na diofar sheòrsaichean droch-dhìol a dh'fhaodas clann fhulang,
- Aithnichidh mi gu bheil gach seòrsa droch-dhìol ceàrr
- Togaidh mi misneachd sna faireachdainnean agam fhìn agus nam cho-dhùnaidhean mu na tha a' faireachdainn sàbhailte/mì-shàbhailte no ceart/ceàrr dhòmhsa.
- 'S aithne dhomh inbhich earbsach a bheir dhomh cuideachadh ma tha iomagain orm no ma tha ceist agam.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Duilleagan mòra pàipeir (meud pàiste) agus pinn.
- Mìneachadh: Urram *don chinne* daonna

NÒT: Tha an Curraicealam airson Sàr-mhathais soilleir ann a bhith ag aithneachadh gum bu chòir fios a bhith aig clann gu bheil gach seòrsa droch-dhìol ceàrr. Airson seo a choileanadh, feumaidh a' chlann ionnsachadh na tha sinn a' ciallachadh le droch-dhìol airson 's gun aithnich iad e ma thachras e no ma tha cunnart gun tachair e dhaibh.

Bu chòir na leasain seo a dhèanamh ann an sreath agus mar sheata obrach. Ma chailleas pàiste clas sam bith leis gu bheil iad far na sgoile, bu chòir gach oidhirp a dhèanamh airson gum faigh iad cothrom air air an obair clas seo a dhèanamh.

Bu chòir do thidsearan/luchd-teagaisg a tha a' libhrigeadh na h-obrach seo a bhith air trèanadh dìon-chloinne an latha an-diugh a dhèanamh air a libhrigeadh leis a' bhuidheann aca. Bu chòir dhan tidsear/neach-foghlaim a bhith eòlach air a' chloinn sa bhuidheann/chlas. Far am faod cùisean ris a bheilear a' dèiligeadh iomagain/uallach adhbhrachadh do phàiste, bu chòir bruidhinn ris a' phàiste agus ris

na pàrantan/luchd-cùraim mar a tha freagarrach airson faighinn a-mach a bheil am pàiste airson pàirt a ghabhail san leasan agus dè an taic a bhios a dhìth.

Obair

1. Tòisichibh ann an cearcall. Cuir seachad beagan ùine a' ruith thairis air na bha a' chlann a' dèanamh bho chionn ghoirid – a' cuimhneachadh air an obair a rinn iad air faireachdainnean, air a bhith a' faighinn inbheach ris am bruidhneadh iad ma bha iomagain orra agus mu bhurraidheachd. Brosnaich a' chlann gus cuimhneachadh nuair a bha iad a' bruidhinn mu bhurraidheachd, bhruidhinn iad cuideachd air (cleachd an slaighd airson ruith thairis) **coibhneas, earbsa, co-fhaireachdainn** agus bun-bheachd **urram** daonna.
2. **Dè dh'fheumas pàiste airson a bhith fallain, toilichte agus sàbhailte?** San leasan seo tha sibh gu bhith a' coimhead air na dh'fheumas pàiste airson fàs gu bhith fallain, toilichte agus sàbhailte. Airson an obair seo a dhèanamh feumaidh iad dealbh mòr de pàiste. Ag obair ann am buidhnean de thriùir no ceathrar thoir duilleag mhòr de phàipear ealain dhaibh, mòr gu leòr airson iad loidhne a tharraing timcheall air pàiste, agus iarr orra pàiste bhon bhuidheann aca a thaghadh agus sin a dhèanamh. Faodaidh iad falt/gruag agus sùilean, sròn, beul 's mar sin air adhart a chur air. Bidh fuaim am measg a' phìos seo – gabh ris an spòrs.

An uair sin agus iad air an dealbh a dhèanamh, iarr orra smaoinichidh air gach rud a dh'fheumas pàiste airson a bhith *fallain*, dìreach *fallain* an toiseach. Ach mus tòisich iad dèan cinnteach gu bheil iad uile ag èisteachd agus mìnich puing no dhà:

- Chan eil freagairtean ceart no ceàrr ann idir, 's e smuaintean gach neach a tha sinn a' feuchainn ri fhaighinn.
- Obraichibh mar bhuidheann, a' cuideachadh a chèile gus dealbhan a dhèanamh no beachdan a sgrìobhadh air na dh'fheumas pàiste airson a bhith fallain 's msaa.
- Smaoinich air na rudan a dh'fheumas pàiste *ann an da-rìreabh*. Mar sin chan e rudan a dh'fhaodadh còrdadh riutha, ach na dh'fheumas iad...

Tha ceistean prompt air na slaighdean.

3. An uair sin, an ceann ùine, iarr air gach buidheann dealbhan agus beachdan a chur air a' phostair dhen h-uile sìon a dh'fheumas pàiste *ann an da-rìreabh* airson a bhith *toilichte*. An uair sin às deidh sin na dh'fheumas pàiste *ann an da-rìreabh* airson a bhith *sàbhailte* ...
4. **Aon rud air an toirear fios air ais:** Mar a tha a' chlann a' cur crìoch air an obair mu *shàbhailteachd*, *theirig timcheall air gach buidheann agus iarr orra coimhead air a' phostair aca. Iarr air gach pàiste aon rud a thaghadh bhon phostair a dh'fheumas pàiste agus a tha iadsan a' meas cudromach.*
5. Air ais ann am buidheann iarr air gach pàiste an aon rud acasan innse, agus ma tha iad airson innse, carson? (NÒT: Bidh sibh a' cleachdadh nam postairean seo san ath sheisean, glèidh iad gu sàbhailte thuige sin).
6. **Dearmad.** Cruinnich a' chlann ann an cearcall, leis na postairean gu lèir sa mheadhan ma ghabhas sin dèanamh. Aidich cho cudromach 's a tha na rudan a thog a' chlann dhaibh airson 's gum bi iad fallain, toilichte agus sàbhailte. Inns gum faod suidheachaidhean a bhith aig clann far nach eil iad a' faighinn cothrom a bhith fallain, toilichte agus sàbhailte. Tha dà rud ann as urrainn dhuinn a ràdh mun seo an-diugh. 'S e a' chiad phuing gur dòcha nach fhaigh clann na dh'fheumas iad, canaidh sinn **dearmad** ris an seo. Inns gur e seo na th' aig Childline ri ràdh mun seo (air an slaighd):

Tha ChildLine ag ràdh gu bheil còir aig gach pàiste air cùram ceart.

Uaireannan bidh teaghlach a' dèanamh nas urrainn dhaibh, ach 's dòcha nach urrainn dhaibh na dh'fheumas pàiste a lìbhrigeadh. Canaidh sinn dearmad ris an seo.

Mìnich, mar eisimpleir, gum faod seo a bhith a' ciallachadh nach eil pàiste a' faighinn gu leòr ri ithe, no nach eil an taigh aca glan gu leòr. No 's dòcha nach eil am pàrantan/luchd-cùraim gan cumail sàbhailte no gan cuideachadh a' dèanamh deiseil airson na sgoile. Freagair ceistean sam bith agus dèan cinnteach à tuigse.

7. **Droch-dhiol Fiosaigeach.** Gluais air adhart gus mìneachadh gur dòcha nach bi pàiste fallain, toilichte no sàbhailte leis gu bheil cuideigin gan goirteachadh. 'S e seo a tha ChildLine ag ràdh mu na chanas sinn ri droch dhiol-dhiol fiosaigeach (air 2 shlaighd, sgaoil seo thairis air grunn shlaighdean ma tha seo feumail dhan luchd-ionnsachaidh), cuideachd ag aideachadh gu bheil e duilich na rudan seo a chluinntinn:

Tha ChildLine ag ràdh gur e droch-dhiol fiosaigeach a th' ann nuair a tha cuideigin gad ghoirteachadh. Dh'fhaodadh seo a bhith le làmhnan, an casan no rudeigin eile.

Seo eisimpleirean de dhroch-dhiol fiosaigeach a dh'fhaodas tachairt do chlann:

- **bualadh, dèiseadh agus slaiseadh**
- **A' toirt buille agus breabadh**
- **bìdeadh, sgròbadh no a' toirt grèim**
- **A' crathadh no a' tachdadh pàiste, a' sgalldradh no a' losgadh pàiste**
- **A' slaodadh falt/gruag**
- **A' tilgeil smugaid no a' tilgeil rudan air pàiste**
- **A' toirt air pàiste rud a tha gan goirteachadh no gam fàgail tinn a shluigeadh, a' gabhail a-steach ìocshlaint nach eil a dhìth orra**

Freagair ceistean sam bith, dèan cinnteach à tuigse.

8. **Puingean cudromach:** Airson crìoch a chur air an t-seisean, till gu na postairean mòra, tarraing aire thuca ag ràdh cho fìor mhath 's a tha iad ann a bhith a' comharrachadh gach rud a dh'fheumas pàiste. 'S dòcha gum bu toigh le cuid den chloinn barrachd a ràdh mu na postairean aca às dèidh dhaibh cluinntinn mu dhearmad agus droch-dhiol fiosaigeach. Crìochnaich leis an fhiosrachadh air na 5 slaighdean, stad, daingnich puingean sam bith mar a tha thu a' dol air adhart:

- **Bu chòir dhuinn uile a bhith fallain, toilichte agus sàbhailte.**
- **Chan eil pàiste uair sam bith coireach ann an suidheachadh droch-dhiol fiosaigeach no dearmad.**
- **Cha bu chòir do phàiste sam bith a bhith a' faireachdainn eagal no air an goirteachadh.**
- **Tha e daonnan nas fhèarr cuideigin fhaighinn ris am bruidhinn thu ma tha thu fo iomagain. Tha e na chuideachadh innse do chuideigin.**

An Còignear Earbsach Agamsa

A bheil cuimhn' agad nuair a bha sibh a' smaoinichadh mu chòignear inbheach thuig' an rachadh sibh le iomagain.

(Stad greis agus leig leatha cuimhneachadh gu socair cò thagh iad)

Beachdan eile

Bidh na postairean mòra trang agus mì-sgiobalta, cùm iad airson an ath sheisean san t-sreath seo, dèan taisbeadh dhiubh airson latha no dhà!

The NSPCC Speak out Stay safe programme

This is a preventative education intervention, available to every primary school and aims to equip children with the knowledge and understanding they need to stay safe from abuse. The programme helps children understand; abuse in all its forms and how to recognise signs of abuse, that abuse is never a child's fault and that they have the right to be safe, where to get help and the sources of help available to them, including ChildLine. The online offer, aimed at children aged 5 to 11, includes access to a video assembly and new supporting resources or information packs for teachers to use in the classroom. There is a version of Speak out Stay safe for children with additional support needs with the messages tailored specifically to pupils needs. Your local NSPCC Schools Service Schools Coordinators can support your school to deliver the programme by briefing school staff at the start and gathering feedback and learning at the end. For more information or to be put in touch with your local Schools Coordinator, please contact alan.stewart@nspcc.org.uk.

<https://learning.nspcc.org.uk/services/speak-out-stay-safe>

Buddy Zone

Activities, games and prompts to help children seek advice and support.

<https://www.childline.org.uk/toolbox/buddy-zone-under12service/>

Ceangal ris an dachaigh

- Tha teasca an cois an leasain **Nuair a tha mi a' faireachdainn sàbhailte/mì-shàbhailte** airson nòt a dh'fhaodas sibh a chur dhachaigh gu pàrantan/luchd-cùraim mus tòisich sibh air a' bhloc ionnsachaidh seo.

Activities for kids at home

From NSPCC a range of things to do together at home to help your child learn about staying safe and speaking out.

<https://www.nspcc.org.uk/keeping-children-safe/support-for-parents/safety/activities-safety-kids/>

Tha goireasan teagaisg eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan RSHP seo:

- Nuair a tha mi a' faireachdainn sàbhailte/mì-shàbhailte
- An 5 earbsach agamsa
- Burraidheachd
- Droch-dhiol feiseil

Nòtaichean Tidseir

